



Geàrr-chunntas

Cumhachd cruth-atharrachail a' chultair

Tha Alba na dùthaich aig a bheil stòrasan cultarach a tha air leth, ceangailte gu cruinneil agus air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta. Tha meas eadar-nàiseanta air ar ceòl, cruth-tìre, fèisean, sgrìobhadairean, cleasaichean, dealbhadairean, daoine eachdraidheil agus comharran-tìre. Tha cultar ann an Alba aig cridhe a bhith a' togail choimhearsnachdan inghabhalach, a bhith a' brosnachadh sàr-shaoranachd, agus gar cuideachadh a bhith a' meòrachadh air na ceistean as mothà a tha romhainn.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a chumhachdan tiomnaichte a chleachdad gus taic a thoirt do roinn a' chultair le bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh daoine cothrom air cultar agus le bhith a' toirt seachad cuideachadh gus làn chomas cruth-atharrachail na roinne a thoirt gu buil. Bha seo a' gabhail a-steach clann agus daoine òga a bhith an sàs ann an gniomhan cultarach agus a bhith a' cur air bhog prògraman ùr-ghnàthach tro Ro-innleachd a' Chultair, leithid prògraman Coimhearsnachdan Cruthachail, Arts Alive agus Co-chomann a' Chultair.

Dh'ainmich am Prìomh Mhinisteir san Dàmhair 2023 gun tasgaich Riaghaltas na h-Alba co-dhiù £100m ann an cultar agus sna h-ealainean gach bliadhna ron bhliadhna ionmhais 2028/29. Tha sinn gu bhith a' toirt maoineachadh a bharrachd de £15.8m do roinn a' chultair san ath bhliadhna ionmhais gus an ruig am figear iomlan £196.6m. Ann an 2025/2026 tha sinn ag amas air £25m a bharrachd a thoirt do roinn a' chultair. Tha an dealas seo gus maoineachadh a bharrachd a thoirt seachad a dh'aindeoin suidheachadh dùblanach a' bhuidseit a' sealtainn ar misneachd ann an roinn cultar na h-Alba. Leis an àrdachadh tasgaidh seo tha sinn airson cothroman a bhrosnachadh airson compàirteachadh ann an cur-seachadan cruthachail, taic a chumail ri cruthachadh obraichean-ealaín ùra, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àrd-ùrlaran aig toradh cultarail na h-Alba an dà chuid aig baile agus thall thairis.

Thogadh neo-eisimeileachd air an adhartas uile a rinneadh fo fhèin-riaghlaadh, a' cruthachadh cothroman ùra gus cothrom a thoirt do dhaoine air cultar.

Craoladh

Tha craoladh a' ciallachadh seirbheisean telebhisean is rèidio, air a bheil luchd-èisteachd ann an Alba a' cur luach mòr. Tha traidisean fada agus cliùiteach aig na craoladairean seirbheis poblach againn de bhith a' libhrigeadh naidheachdan neo-chlaon agus earbsach agus a bhith a' libhrigeadh prògraman air leth de dh'àrd-inbhe.

Le neo-eisimeileachd, stèidhicheadh Riaghaltas na h-Alba craoladair seirbheis poblach Albannach ùr, a' toirt seachad seirbheisean TBh, rèidio agus air-loidhne. Bhiodh sgòp, raon-ùghdarrais, riaghlaadh agus modail maoineachaидh a' chraoladair ùr air a rannsachadh le luchd-èisteachd agus gnìomhachas na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gu bheil am poball air a fhrithealadh le craoladair neo-eisimeileach, cunntachail, seasmhach a tha aig cridhe beatha na h-Alba.

Bhiodh craoladair seirbheis poblach Albannach ùr ag obair le a cho-leithid air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom leantainneach againn air na prògraman as aithne dhuinn agus as fheàrr leinn. Bhiodh an craoladair ùr a' nochdad agus a' toirt priomhachas nas fheàrr do dh'fheumalachdan agus ùidhean sònraighe Chrùthachail luchd-èisteachd na h-Alba, a' gabhail a-steach fòcas air naidheachdan Albannach ionadail is nàiseanta, a bharrachd air a bhith a' toirt seachad sealladh Albannach air cùisean an latha is na cruinne.

Chuireadh an dòigh-obrach seo toradh cruthachail nas mothà an comas ann an Alba, le co-dhùnaidhean air prògraman agus buidseatan air an dèanamh le proifeiseantaich chruthachail a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba.

Alba anns an Aonadh Eòrpach

Thug fàgail an Aonaidh Eòrpach droch bhuaidh mhòr air roinnean a' chultair agus nan gnìomhachasan cruthachail. Gu sònraighe, thug cur às do shaorsa-gluasad buaidh mhòr air luchd-ealain air chuairt, oir tha e air a bhith a' sìor fhàs doirbh luchd-amais ùra a ruighinn agus teachd a-steach a dhèanamh anns a' phriomh mhargaidh às-mhalairt seo.

Mar bhali den Aonadh Eòrpach, rachadh na cnapan-starra ro iomlaid chultarail agus co-obrachadh le ar nàbaidhean a thoirt air falbh bho Alba neo-eisimeileach. Bheireadh saorsa gluasaid cothrom do luchd-ealain agus proifeiseantaich chruthachail às an AE a bhith a' tighinn a dh'Alba nas fhasa agus bheireadh e air falbh cnapan-starra do luchd-ealain Albannach a bhith a' dol air chuairt san AE.

Bhiodh Alba neo-eisimeileach cuideachd na com-pàirtiche dealasach ann an iomairtean poileasaidh cultair leithid prògram Eòrpa Chruthachail, prògram suaicheanta a' Choimisein Eòrpach gus taic a thoirt do roinnean a' chultair agus na lèir-chlaistinneachd.

Alba air àrd-ùrlar an t-saoghaill

Chruthaicheadh neo-eisimeileachd cothroman cuideachd gus cultar na h-Alba a bhrosnachadh air àrd-ùrlar an t-saoghaill. Chleachdadh Alba neo-eisimeileach an lònra aice de dh'ambasaidean ann an àiteachan ro-innleachdail gus cultar na h-Alba a bhrosnachadh air feadh na cruinne. Thogadh seo air a' mhodail 'Taigh na h-Alba' a th' ann an-dràsta, a tha a' togail cheanglaichean le com-pàirtichean eadar-nàiseanta.

Tha roinn a' chultair ann an Alba eadar-nàiseantach le sealladh neo-chumhang agus tha iomlaid agus co-obrachadh cultarach ro-chudromach airson ùr-ghnàthachadh leantainneach san roinn. Le neo-eisimeileachd, bheireadh an riaghaltas seo barrachd taic do chultar ann an Alba tro shiostam imrich a tha sùbailte agus freagairteach gu leòr gus taic a chumail ris na feumalachdan aig roinn a tha daonna ag atharrachadh agus gus taic shònraichte a thoirt do na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom do dh'Alba cuideachd a bhith na ball de dh'institiudan eadar-nàiseanta, leithid Comhairle na h-Eòrpa agus UNESCO. Mar bhall, chan e a-mhàin gum biodh làn chothrom aig Alba air buidhnean a th' ann gus ar cultar agus ar dualchas cultarail àrach agus a dhòn, ach dh'fhaodadh prìomh àite a bhith aice cuideachd ann a bhith a' toirt buaidh air mar a bhios na buidhnean sin a' cumadh nam poileasaidhean cultarail aca.

Eaconamaidh cruthachail na h-Alba

Ged a tha roinn chruthachail na h-Alba a' cur gu mòr ris an econamaidh san fharsaingeachd leatha fhèin, tha i cuideachd a' cur air adhart roinnean eile leithid turasachd agus aoigheachd. Tha àite eaonamach cudromach aig gnìomhachasan cruthachail leithid ceòl, geamaichean bhidio agus an roinn sgrìn, agus iad cuideachd a' toirt taic do chliù eadar-nàiseanta na h-Alba.

Faodaidh an taic a bheir an riaghaltas agus na buidhnean poblach seachad a bhith deatamach ann a bhith a' cuideachadh ar cultar agus roinnean cruthachail gu bhith a' leasachadh agus a' soirbheachadh, gu sònraichte leis gu bheil an roinn fhathast ag ath-bheothachadh bho bhuaidh a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19. Bheireadh neo-eisimeileachd na cumhachdan do Riaghaltas agus do Phàrlamaid na h-Alba a tha a dhìth orra gus co-dhùnaidhean fiosgail cudromach a dhèanamh a thaobh mar a ghabhas taic do roinn a' chultair a mhaoineachadh agus a lìbhrigeadh – cumhachdan a tha glèidhte aig riaghaltas na RA aig an àm seo.


Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach faochadh chìsean agus cumhachdan nas fharsainge a thaobh chìsean, iasadán agus caitheamh. Dh'fhaodadh pàirt a bhith aig ceumannan den t-seòrsa seo ann a bhith a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic agus an t-seasmhachd aig roinnean cruthachail na h-Alba a tha a dhìth orra.

Co-dhùnadh

Leis na cumhachdan agus a' bhuaidh eadar-nàiseanta a th' aig dùthaich neo-eisimeileach, dh'fhaodadh roinn cultair na h-Alba soirbheachadh, a' dèanamh cinnteach gum faigheadh daoine ann an Alba agus thall thairis cothrom air ar cultar.

Bhiodh barrachd chothroman aig Alba neo-eisimeileach san AE a dhol an sàs gu h-eadar-nàiseanta, a' toirt taic dhan iomlaid chultarach agus dhan cho-obrachadh a tha cho bunaiteach a thaobh ùr-ghnàthachadh cultarach.

Agus ged a tha na gnìomhachasan cruthachail againn a' cur gu mòr ris an eaconamaidh againn mar-thà, le neo-eisimeileachd dh'fhaodadh pàirt nas treasa buileach a bhith aca ann a bhith a' togail Alba nas beartaiche, nas cothromaiche agus nas in-ghabhalaiche.



© Riaghaltas na h-Alba, 2024

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, am Faoilleach 2024

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1403674 (01/24)